



Tìotal: Feise: Cuideam, tlachd agus feise a’ chiad uair

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CFE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a’ beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideas, luachan is moraltachd buaidh air mo chòdhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a</p> <p>A’ cleachdadh na dh’ionnsaich mi, ’s urrainn dhomh co-dhùnaidhean is roghainnean fiosraichte a dhèanamh a tha ag adhartachadh is a’ dìon mo shlàinte is mo shunnd ghnèitheasach fhìn agus dhaoine eile. HWB 4-47b</p> <p>Tha fios agam mar a làimhsicheas mi suidheachaidhean a thaobh mo shlàinte ’s mo shunnd gnèitheasaich agus tha mi ag ionnsachadh a bhith a’ tuigsinn dè th’ ann an giùlan gnèitheasach iomchaidh. HWB 4-49a</p>	<ul style="list-style-type: none"> A’ sealltainn nan sgilean a dh’fheumar airson suidheachaidhean dùbhlanaich ann an dàimhean a làimhseachadh, a’ gabhail a-steach dhàimhean feiseil, mar eisimpleir, co-rèiteachadh, co-fhaireachdainn, ruighinn chòdhùnaidhean. A’ tuigsinn nan còraichean agus nan dleastanasan a tha nam pàirt de fheise shàbhailte agus thlachdmhor.

Amasan ionnsachaidh

- Gun tèid a chur an cuimhne dhaoine’ òga gu bheil barrachd an lùib feise na dìreach feise steachail bod/faighean.
- Gum bi aonta na phàirt de dheasbad dhaoine’ òga mu dhàimhean feiseil.
- Gun tuig daoine’ òga gu bheil tlachd na phàirt de bheatha thoilichte fheiseil inbheach.
- Gum faic daoine’ òga feise mar phàirt de dhàimh gaoil stèidhichte.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- ’S urrainn dhomh innse dè th’ ann am feise agus dè dh’fhaodas a bhith na lùib.
- ’S urrainn dhomh innse dè th’ ann an aonta.
- Tha mi a’ tuigsinn dè bhios a’ tachairt dham bhodhaig gu fiosaigeach agus gu faireachail nuair a bhios mi ri feise.
- ’S urrainn dhomh na tha cudromach dhomh a chur an cèill mus tèid mi an sàs ann an dàimhean dlùth/feiseil.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Orgasam fireann no orgasm boireann: Cò aca as fheàrr? <https://youtu.be/5ioQ8a7o3Mo> (3 mion. 59 diog. Ach faodar a stad aig 3 mion. 24 mus bithear a’ sanasachd fhilmichean eile)
- Obair/Cairtean deasbaid: Ri feise airson a’ chiad turas

Taghadh de fhilmichean mu aonta:

- Cycling through Consent (faid 3 mion. 47 diog.) <https://youtu.be/-JwLkRaUaw>
- Consent Explained (faid 2 mion. 44) <https://youtu.be/5vmsfhw-czA>

- Consent – cup of tea (faid 3 mion.) <https://youtu.be/u7Nii5w2Fal>

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

NÒTA: Tha cùis aonta feiseil na phàirt dhen leasan seo. Thathar a' cnuasachd a' chuspair ann am barrachd doimhneachd ann an obair eile aig an ìre seo agus aig Ìre Ceann Shuas na Sgoile. Mura h-eil na daoine òga a tha a' gabhail pàirt san obair seo air coimhead air aonta, bidh an obair nas doimhne freagarrach.

Obair

1. Tòisich an seisean mar seo: Aig aois 14 no 15 bidh mòran dhaoine' òga a' smaoinichadh mu fheise agus a' smaoinichadh mu na taghaidhean a dh'fhaodas iad a dhèanamh nuair a thèid e gu dàimhean agus feise. Tha an seisean an-diugh mu fheise mar phàirt de dhàimh – ach tha e mu bhith a' coimhead romhad, chan eil e a' ràdh gum feum thu bhith ann an dàimh, no gum feum feise a bhith na phàirt de dhàimh.

Tha an seisean an-diugh air: Cuideam, tlachd agus feise a' chiad uair.

Mìnich gum faod feise a' chiad uair a bhith a' ciallachadh a' chiad turas riamh agad no a' chiad turas còmhla ri cèile ùr.

2. **An toiseach: Dè th' ann am feise?** Bhon a dh'fhaodas daoine' òga smaoinichadh gu bheil feise a' ciallachadh feise steachail bod/faighean, cleachd an slaighd airson mìneachadh:

Tha an lagh ag ràdh gu bheil gnìomhan feiseil a' gabhail a-steach brodadh cèile, feise beòil no feise steachail. Tha feise steachail a' ciallachadh gum bi neach a' cur corrag no bod no rudeigin eile (dèideag feise 's msaa) a-steach a dh'fhaighean no a thòin neach eile.

Mìnich gu bheil seo cudromach oir tha buaidh aige air a h-uile sìon air am bi na daoine' òga a' bruidhinn an-diugh. An toiseach bruidhnidh sinn air **cuideam**.

3. **Cuideam.** Mìnich mar seo, a' cleachdadh an slaighd, leugh agus dèan sgrùdadh: Dè as aithne dhut mu aonta? Carson a tha e a' ràdh *saor* agus *dealasach*?

Tha a bhith a' cur cuideam air neach gus rudeigin a dhèanamh a' dol calg-dhireach an aghaidh aonta saor agus dealasach a thoirt seachad.

Coimheadaibh air aon no barrachd de na filmichean goirid – 's dòcha gum faca daoine' òga iad, ach gu bheil iad toilichte an fheadhaian as fheàrr leotha a choimhead a-rithist – agus bruidhinn air na tha daoine' òga a' tuigsinn bhuaithe le fòcas air na tha sinn a' ciallachadh le cuideam agus mar a tha e a' dol an aghaidh aonta:

- Cycling through Consent (faid 3 mion. 47) <https://youtu.be/-JwKjRaUaw>
- Consent Explained (faid 2 mhion. 44) <https://youtu.be/5vmsfhw-czA>
- Consent – cup of tea (faid 3 mion.) <https://vimeo.com/128105683>

4. **Tlachd.** Seall an slaighd agus inns mu dheidhinn mar seo: 'S e aon rud a tha a' dèanamh dhaoine sònraichte gum bi iad ri feise airson tlachd, tha e a' còrdadh riutha. Ma tha daoine ag iarraidh tlachd fhaighinn bho fheise, feumaidh an dithis aca a bhith ga iarraidh, agus feumaidh iad a bhith saorsainneil agus toilichte san t-suidheachadh.

Tlachd: faireachdainn de shàsachadh agus toil-inntinn

Aidich gu bheil tlachd agus feise gu tric ceangailte ri orgasam, ach dè bhios a' tachairt sa mhòmaid sin? Inns gu bheil luchd-saidheans air obrachadh còmhla ri luchd-dealbhadh air an fhilm goirid a' dèanamh sgrùdadh air na bhios a' tachairt nuair a dh'fhairicheas sinn tlachd 's sinn ri feise, a'

gabhail a-steach nuair an bhios orgasam aig neach: **Male vs Female orgasm: which is better?**

<https://youtu.be/5ioQ8a7o3Mo> (3 mion. 59 ach faodar a stad aig 3 mion. 24 mus bi fios air a thoirt seachad mu fhilmichean eile)

5. Cuir stad air an fhilm airson ruith thairis na chunnaic sibh thuige seo – *dè th' ann am feise, nach eil cuir cuideam ceart aig àm sam bith, gu bheil aonta deatamach, gum bi inbhich ri feise airson tlachd.*
6. **Feise airson a' chiad uair: dè tha cudromach.** Sa ghnìomh seo faighnich dha na daoine òga dè dh'fheumas a bhith air dòigh mus cuir neach òg romhpa a dhol an sàs ann am feise còmhla ri cèile airson a' chiad turas. Thoir dhaibh stiùireadh, airson 's gu bheil iad a' smaoinichadh air feise gun cuideam, le aonta, a bhios tlachdmhor. Dèan soilleir a-rithist, gum faodadh e bhith gur e seo a' chiad turas riamh, no a' chiad turas còmhla ri cèile ùr.

Cleachd am prop. Tha aig na daoine òga ri obrachadh ann an dithisean/triùirean gus na 11 rudan a th' air na cairtean (faic am prop), a chur ann an dà phìle – a chiad phìle airson **Feise airson a' chiad turas: Deatamach/Rudan a' dh'fheumar** agus pìle eile airson **Feise airson a' chiad turas: Rudan cudromach**. Dèan soilleir gu bheil na cairtean *gu lèir* cudromach, tha e an urra ris na daoine òga a ràdh cò na rudan a tha deatamach/a dh'fheumar còmhla ri rudan cudromach eile. Faodaidh iad na thogras iad a chairtean a chur anns gach pìle.

Ri feise airson a' chiad uair: Rudan air am bu chòir meòrachadh

1. Tha mi a' faireachdainn deiseil.
 2. Tha mi a' faireachdainn sàbhailte.
 3. Tha cuideigin agam ris am bruidhinn mi mun seo mus dèan mi sìon.
 4. Tha an dithis againn 16 no nas sine.
 5. Ma tha casg-gin a dhìth oirnn, tha e againn.
 6. Ma tha condoman a dhìth oirnn, tha iad againn.
 7. Tha an dithis againn sòbarra.
 8. Tha ùine againn agus tha sinn ann an àite sàbhailte agus cofhurtail.
 9. Tha earbsa agam ann/innte.
 10. Tha mi deònach.
 11. Tha fios agam gum faod mi m' inntinn atharrachadh no stad aig àm sam bith.
7. Às dèidh ùine gu leòr, faigh fios-air-ais agus brosnachadh còmhraidh – dèan sgrùdadh air na prìomhachasan a th' aig na daoine òga, cò na h-eileamaidean as cudromaiche timcheall air an seo agus carson. Far a bheil daoine òga deònach gu leòr beachdan a thoirt seachad (do cheistean farsaing seach feadhainn shònraichte) 's dòcha gum faighnich thu – Cò ris a tha e coltach a bhith a' faireachdainn deiseil? Cò ris a tha e coltach a bhith a' faireachdainn sàbhailte? Earbsa? Msa. Tha còmhraidh cuideachd a' toirt cothrom dhuibh eòlas air tobraichean fiosrachaidh no comhairle air casg-ghin.
 8. **Còmhraidh/deasbad.** Thoir a-steach am beachd gu bheil mòran dhaoine a' creidsinn gur e pàirt de dhàimh dhlùth a-mhàin, mar eisimpleir pòsadh, a th' ann am feise. Iarr orra obrachadh còmhla ri caraidean/ann am buidheann de thriùir airson meòrachadh air an seo. Ma tha beachd làidir aca taobh seach taobh, faodaidh iad seo innse, ma tha beachdan eadar-dhealaichte aca, faodaidh iad innse co

air a tha iad ag aontachadh no nach eil. Cleachd an slaighd mar phromt. An ceann greis theirigibh thairis air an raon bheachdan

Tha cuid de dhaoine a' smaoinichadh gur e pàirt de dhàimh dhlùth a-mhàin, mar eisimpleir pòsadh, a th' ann am feise. Dè do bheachd?

Nòtaichean Tidseir

